

Viktor Ullmann

Sgrìobhaiche-ciùil, stiùiriche-ciùil,
cluicheadair piàno, neach-naidheachd,
sgrùdaire

1mh Faoilleach, 1898 – 18mh Dàmhair, 1944
(chaochladh aig 44 bliadhna a dh'aois)



GEÀRR-CHUNNTAS

“Feumar cudrom a chur air a’ phuing gun do mheudaich, seach lùdaich, Theresienstadt mo gnìomhan chiùil, cha e idir gun robh sinn nar suidhe a’ caoidh air bhruachan Bhabylon, agus gun robh ar dìcheall do na h-ealain co-chuimseach ri ar dùrachd a bhith beò. Agus tha mi uile-chinnteach gun aontaich gach neach a bha a’ strì Gus cruth a chur an aghaidh nithean stèidhichte, ann am beatha agus ann an ealain, rium.”

Seo faclan an sgrìobhadair-ciùil agus ceòladair Viktor Ullmann. Chaidh an sgrìobhadh nuair a bha e na phrìosanach ann an campa-dùmhlachaidh, far an robh e beò dà bhliadhna mus deach a chur dha bhàs.

Nuair a bhios sinn a’ meas air cuideigin ann an dòigh a tha sònraichte dàna, neo làidir, bidh sinn tric gan faicinn ann an dòigh far-dhaoine. Bidh sinn a’ smaointinn, eu-choltach rinn fhèin, gun robh feart air choireigin aca a shònraich iad, a bha a’ ciallachadh gun robh iad na bu chomasaiche seasamh ri rudan – neo ma dh’fhaodte, gun robh iad a dhìth rudeigin a tha againne, a’ phìos a tha daonna ‘s a tha cho furasta bhith fo iomagain, teagamh, eagal agus cràdh.

‘S urrainn sgrùdadh air sgeulachdan dhaoine ann an eachdraidh sin a dhèanamh, oir tha e a’ lùghdachadh dhaoine gu bhith nan sgeulachdan, tric a’ dì-chuimhneachadh, neo a’ laomadh faireachdainnean làitheil air nach urrainn dhuinn smaointinn gu ceart nuair a bhios sinn a-mhàin a’ leughadh mun deidhinn.

Ach tha sgeulachd Viktor Ullmann, agus sgeulachd iomadh neach eile a dh’fhuiling an Olocost, na fhear a tha gu domhain daonnach. Tha sgeulachdan nan ìobairteach de fìor ath-leumachd, dhe bhith a’ dèanamh ealain, dhe bhith furachail an dòchas agus fiù ‘s coibhnea.

Ged a chaidh am brath le pian grot fiosaigeach agus faireachail 's e eisimpleir bhrosnachail a th' ann de chumhachd inntinn mhic an duine agus a chomas tachartasan a chur an cèill.

Thairis air a bheatha ghoirid, 's far an do choisinn e cliù mar sgrìobhadair-chiùil shoirbheachail agus adhartach, dh'fhuiling Ullmann iomadh mòr-chiùrraidh mar thoradh air àite ann an eachdraidh, a chreideamh, mar a dhiùlt e casgan chruthachaidh agus mar a dh'fhaighnich e cheistean. A bharrachd air seirbhiseach anns a' Chiad Chogaidh, chaidh a chur air fògradh agus a chur am fiachan, dh'fhuiling e trioblaidean slàinte-inntinn, chaidh a chlann an cur air falbh, agus mu dheireadh dh'fhuadachadh às a dhachaigh, Czechoslovakia, e gu uabhas ghrot *Theresienstadt*, campa-dùmhachaidh Nazitheach.

B' e beatha cruaidh, làn-fhulangach a bha aig a' champa-dhùmhachaidh agus sgàil a' bhàis mun coinneamh, ach chùm Ullmann air a' sgrìobhadh chiùil. Tha an liuthad mhòr de dh'obair a rinn e sa champa-dhùmhachaidh, seachad air fichead pìosan ciùil, a bharrachd air aistidhean agus lèirmheasan, na dhearbhadh air fhìor chomasan cruthachaidh-san. Ach cuiridh a sgeulachd nar cuimhne cuideachd firinnean an t-saoghail a tha airidh air ar n-aire fhathast; ciamar a bheireas an t-àm san rugadh tu, càite an rugadh tu agus gu dè an creideamh san do rugadh tu buaidh air slighe do bheatha; fìor-mhulad agus call à cogaidh, bho bheathannan dhaoine gu cultar; agus an ath-leumachd do-chreidsinneach spiorad mhic an duine anns na suidheachaidhean as duilghe.

ÀRD-SHEALLADH CHÙRSA-OBACH

Rugadh Ullmann ann an 1898 gu pàrantan de shliochd Iùdhach ann an Ìmpaireachd na h-Ostair is an Ungair neo mar a dh'ainmeachadh an uair sin e 's a tha an-diugh air a roinn mar a' Phòlainn agus Poblachd na Seice. A' sealltainn tàlantachd cheòlmhor iomholta bho òige, chaidh Viktor dhan sgoil ann am Vienna, far an deach a theagasg le Arnold Schoenberg, a tha a-nist air a mheas mar aon dhe na sgrìobhaichean-chiùil as buadhmoire dhen 20mh linn, agus aig an robh buaidh mhòr aig oileanaich òga.

Nochd cùis-mhulaid a' chogaidh airson a' chiad turas na bheatha agus chaidh gairm air Ullmann fronta na h-Eadailt a fhrith-ealadh tron Chogadh Mhòr. As dèidh a' chogaidh, ghluais e a *Prague* agus sna bliadhnaichean a bha e ann chaidh a stèidheachadh mar sgrìobhadair-chiùil shoirbheachail, le dreuchdan cliùmhhor agus an obair aige air a cluich air feadh na Roinn Eòrpa.

Ach fon a seo air fad, bha rudeigin de h-èiginn spioradail agus àrd-chiallach ag èirigh. B' e fear cnuasachaidh a bh' ann an Ullmann, le ùidh ann an ceistean modhannach agus an còmhnaidh a' sireadh ciall ann an gnothaichean. Ann an 1931, dh'fhàg e ceòl gus a bhith os cionn bùth-leabhraichean anns a' Ghearmailt a bha ag amas air an fheallsanachd ùir 'anthroposophy' (a' ciallachadh 'gliocas mhic an duine'), a thuilleadh air a bhith a' feuchainn air *psychoanalysis* – is chuireadh e seachad beagan ùine ann an ospadal leigheas-inntinn nas fhaide air adhart na bheatha. A' coimhead air ais a-nist, dh'fhaodadh an ùidh làidir aige ann an rannsachadh bithealachd air a bhith air a chuideachadh le shunnd bhrosnachail anns a' champa-dhùmhachaidh, san dòigh anns a bha e comasach dha h-inntinn a chleachdadh gus dèiligeadh le bhorbachd gach latha agus a chur air sheacharan.

Ann an 1933, as dèidh dha fiachan a thogail, chaidh aig Ullmann air ' Ghearmailt fhàgail air iarraidh laghail. Thill e gu *Prague*, ag obair air a cheann fhèin na thidsear, neach-naidheachd, sgrùdaire agus sgrìobhaiche-ciùil mus deach e a leughadh aig Conservatory Prague – ach bha rudeigin aimhriteach, mì-chinnteach a' dol mun cuairt orra. Bha an gluasad Nazitheach sa Ghearmailt a' fàs nas buaireasaiche 's nas buaireasaiche agus bha ceòl air a dhèanamh

le iomadach neach, agus lùdhaich, air a mheas gu “truailidh”. A dh’aindeon sin air fad, bha Ullmann dìleas dha ealain agus dha mhoraltachd agus, ann a 1935, sgrìobh e aon de na pìosan ciùil as coileanta aige, opara dhan ainm *Der Sturz des Antichrist* a bha stèidhichte air blàr eadar math is donas. Chaidh duais a bhuileachadh dha air a shon, ach cha chluinneadh e e air a chluich; le chàineadh air an riaghladh ùr, chaidh meas gun robh e ro chunnartach airson na h-ionaidean-foghlam a chluicheadh e.

Ann an 1938, thug a’ Ghearmailt smachd air *Czechoslovakia* – a’ toirt leis sparradh na laghan do-chreidsinneach aig *Nuremberg* a thuirt gun robh duine sam bith de shliochd lùdhach na chinneadh eile, gun saoranachd agus gun chòraichean. Chùm Ullmann air a-rithist a’ sgrìobhadh ciùil, ach dh’fhàs a làithean gu neo-dhòchasach. Leis nach fhaigheadh e *visa* dha theaghlach rinn e’ sgaradh-phòsaidh le bhean agus chaidh a chlann a chur air falbh a Shasainn. Ach, cha b’ urrainn dha na bha an dàn a dhiùltadh cus ro fhada agus ann an 1942 chaidh a thoirt gu campa-dùmhachaidh far an cuireadh e seachad na bliadhnaichean mu dheireadh dha bheatha, mus rachadh a thoirt gu *Auschwitz*, far an do choinnich e bhàs dà latha as dèidh sin.

CAMPA-DÙMHLACHAIDH

Bha *Theresienstadt* eadar-dhealaichte agus sònraichte an taca ri campanan-dùmhachaidh eile: b’ e *façade* a bh’ann. Dh’fheuch na Nazithean aghaidh aoibhneach a chur air mu choinneamh an t-saoghal agus a luchd-ceasnachaidh. Le oidhirp sealltainn gum b’ e flaitheanas cultarach a bh’ anns na campanan-dhùmhachaidh, bha na h-iomadach luchd-ealain, bàird agus sgoilearan lubhach a bha ann air am brosnachadh, neo chur an èiginn, ealan a dhèanamh.

Thuirt aon prìosanach, aig an toiseachd, gun robh e cha mhòr ceart gu leòr – ach mar a chaidh na seachdainean air adhart chaidh an fhìrinn cheart fhaicinn, agus bha iad air an cur fo smachd sna h-aon dòighean olca a bha càch anns na campanan-dhùmhachaidh eile. Bha e a’ cur a-mach am beul agus làn thinneasan, bha mhòran fo dhìth-beathachaidh agus fhad ‘s a chaidh càch timcheall orra a-mach à sealladh, cha robh duine as aonais an eagail gun biodh iad air an toirt gu campa-dìtheachadh.

Mar sgrùdaire agus sgrìobhadair-ciùil oifigeil a’ champa-dhùmhachaidh, nochd Ullmann an teis-meadhan na coimhearsnachd cultaraich. Ach a dh’aindeoin ‘eòlais, agus an cunnart a bha timcheall air, chùm e a’ sgrìobhadh-chiùil a bha ag amas a dh’aona-ghnothaich air èirigh an aghaidh an uachdarain. Anns an opara aige *Der Kaiser von Atlantis* (Ìompaire Atlantis), chuir e an lùib càineadh mu riaghladh tur-smachdach agus mì-ghnàthachadh chumhachd. Nuair a thuig ùghdarrasan a’ champa-dhùmhachaidh na bha as ciall dha, chaidh a’ cheòl fo thoirmeasg agus cha cheadaich do dhuine a chluich. Feumadh gun robh eagail làidir ann gun toireadh buille air a’ bhuille. Ach fiù ‘s gun taisbeanadh, bha buaidh Ullmann air a coileanadh, bha e air rudeigin a chruthachadh dha fhèin agus dha na prìosanaich eile a bha còmhla ris a bha na cheangal cumhachdach dhaibh, tro na bha iad a’ fulang còmhla.

‘S e rud anabarrach a th’ ann gun robh sunnd dòigheil gu leòr aig Ullmann ceòl a sgrìobhadh aig àm nuair a bha na feumalachdan bunaitich dhaonna air an toirt bhuaiche – biadh, fasgadh fallainn, sàbhailteachd agus rudan eile a tha sinn a’ cur mar fhiacham. Ach fiù ‘s nas anabarraiche buileach, na chlàraidhean tha Viktor a’ cinnteachadh gum b’ ann air sgàth ‘s, agus cha b’ e a dh’aindeoin, a’ sgrìobhadh “na bu thràithe, nuair nach robh buaidh agus uallach air neach mu stuthan beatha air sàilleabh cofhurtachd – geas na sìobhaltachd seo – a’ mùchadh, bha e nas fhasa rudan bòidheach a chruthachadh. Ach, ann an *Theresienstadt*, far a bheil aig neach a’ chùis a dhèanamh air cuspair an àite stuth, far a bheil a h-uile rud ceòlmhor a’ seasamh an coimeas dhìrich air na tha timcheall air: ‘s e seo fios sgoil nan treòdhaire [...]”.

Chuir Ullmann an dùbhlán cruthachail ma choinneamh: ealain àlainn a chruthachadh, nuair nach eil rud sam bith àlainn timcheall ort. Ann a bhith a’ dèanamh seo, tha neart a chomas-intinn a’ cur nar cuimhne a h-uile rud as urrainn do ghnìomh cruthachaidh a thoirt dhuinn: adhbhar, dòigh ciall a rannsachadh, dòigh sinn fhèin a chur an cèill, ge brith dè tha a’ dol mun cuairt oirnn. ‘S e dòigh a th’ ann cuimhne a chur oirnn fhìn, ge brith dè an an-ìochd a tha toirt buaidh air ar n-intinn agus ar bodhaig, gum bi daonnachd againn daonnan, agus cha tèid sin a thoirt bhuainn gu sìorraidh.

GEÀRR-CHÙNNTAS

‘S e leasan a th’ ann a th’ air ath-aithris tro eachdraidh agus luchd-tàrsainn eile a fhuair dòchas tro ealain. Tha cuimhn’ aig neach-tàrsainn bhon champa-dhùmhlachaidh, Hannelore Brenner, ‘s i a’ cuimhneachadh na beatha-aisneis “B’ iad na h-ealain agus foghlam ar dòigh greimeachadh air samhla mhic an duine. Chuir sinn air dòigh clasaichean dìomhair, taisbeanaidhean ealain agus leughaidhean bhàrdachd. B’ e gnìomhan beaga dòchasach a bh’ annta ann an cuan mòr de dhorchadas, a’ leigeil dhuinn teicheadh à uabhas ghrod ar saoghail airson tiotan.”

‘S urrainn dhuinn urram fhàgail aig fìor-bhròn agus cùis-mhulaid bheathanan mar bheatha Ullmann chan e a-mhàin bho bhith gan cuimhneachadh agus a bhith air ar brosnachadh bhon a h-uile rud a dh’ionnsaich iad dhuinn.

Still I Rise

Still I Rise is Supported by:

Aberdeen City Council, Aberdeen Endowments Trust, Alexander Moncur Trust, Balgay Children's Society, The Boshier-Hinton Foundation, Castansa Trust, Educational Institute of Scotland, The Ettrick Charitable Trust, Forteviot Charitable Trust, Gannochy Trust, Hugh Fraser Foundation, Jimmie Cairncross Charitable Trust, Leach Family Charitable Trust, Leisure & Culture Dundee, MEB Charitable Trust, Nancie Massey Charitable Trust, New Park Educational Trust, Northwood Charitable Trust, PF Charitable Trust, Scott-Davidson Charitable Trust, Scottish Association for Music Education, Steel Charitable Trust, Tillyloss Trust, Trades House of Glasgow, Verden Sykes Trust, Walter Scott Giving Group.



SCOTLAND'S NATIONAL
ORCHESTRA

Royal Scottish National Orchestra
19 Killermont Street, Glasgow G2 3NX

Charitable Company registered in Scotland
Company Number: SC027809
Scottish Charity Number: SC010702

The RSNO is supported by
the Scottish Government



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba